



Dùais Nàisean STEM


Stiùireadh airson Dearbhaichean









Thathar a' cleachdadh a' bhriathrachais a leanas tron stiùireadh seo air fad:

- Anns an sgrìobhainn seo tha 'neach-cleachdaidh' (*practitioner*) a' gabhail a-steach an luchd-obrach agus na h-inbhich uile a tha teisteanachtaichte gus obrachadh còmhla ri clann agus òigridh. Tha seo a' gabhail a-steach neach-aireachaidh chloinne, luchd-obrach tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, luchd-teagaisg, ceannardan-sgoile, manaidsearan shuidheachaidhean, luchd-taic sgoile agus luchd-taic teicnigeach.
- Tha an abairt 'suidheachadh' (*setting*) a' ciallachadh suidheachaidhean airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean agus sgoiltean no suidheachaidhean a tha a' toirt seachad solarachadh sònraichte airson luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd.
- Tha an abairt 'coimhearsnachd ionnsachaidh' a' gabhail a-steach an dà chuid buidhnean structaraichte agus neo-fhoirmeil de shuidheachaidhean far am bi co-obrachadh a' tachairt. Dh'fhaodte gum bi seo a' gabhail a-steach cruinneachaidhean sgoile, buidhnean sgoiltean co-cheangailte, buidhnean riaghlaidh ionadail, co-àrainnean, sgoiltean fo cheannardas co-roinnte agus co-obrachadh eadar luchd-cùram cloinne, sgoiltean-àraich prìobhaideach agus no/suidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne aig ùghdarrasan ionadail.
- Tha an abairt 'com-pàirtiche STEM' air a cleachdadh gus iomradh a thoirt air com-pàirtichean gnìomhachais a' gabhail a-steach luchd-fastaidh, ionadan foghlaim adhartach agus àrd-ìre, buidhnean acadaimigeach no proifeasanta, buidhnean san treas roinn agus tha i cuideachd a' gabhail a-steach phàrantan no luchd-cùram a tha nam pàirt den fheachd-obrach STEM.
- Tha an abairt 'com-pàirteachas STEM' an seo a' ciallachadh com-pàirteachadh leantainneach eadar suidheachaidhean agus an com-pàirtiche/na com-pàirtichean STEM aca. Chan eilear an dùil gum bi seo a' gabhail a-steach tadhlán aon turais do làraichean, bùithtean-obrach no co-fharpaisean aon turais.

Clàr-innse



A' dearbhadh fianais airson eileamaidean Duais Nàisean STEM 	2	
Na còig eileamaidean	3	
Ceannardas ann an STEM	4	
Ionnsachadh STEM san teaghlach	6	
So-fhastadh agus obair com-pàirteachais STEM	8	
Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh	10	
Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM	12	
Còmhradh dearbhaidh	14	
Eàrr-ràdh: Clàr Duais Nàisean STEM	15	

A' dearbhadh fianais airson eileamaidean Duais Nàisean STEM

Cò ris a tha am pròiseas coltach?

Bidh suidheachaidhean a' leantainn pròiseas sìmplidh nuair a tha iad a' cur a-steach airson eileamaidean den Duais Nàisean STEM:

1. Clàradh
2. Cruinnich agus cuir a-steach fianais
3. Plana Gnìomh agus dearbhadh


Mar bhall den sgioba dearbhaidh, thèid iarraidh oirbh sgrùdadh a dhèanamh air an fhianais a chuir gach suidheachadh a-steach mu choinneamh nan aithrisean measaidh air na duilleagan a leanas. Tha na h-aithrisean seo nan geàrr-chunntasan den fhianais a tha sinn a' sireadh tro trì roinnean-seòrsa: làidir, riarachail agus mì-riarachail.

Tha e cudromach aithneachadh gu bheil an duais Nàisean STEM, fosgailte do thagraidhean bho dhiofar suidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, bho bhun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean. Mar thoradh air seo, bidh an fhianais a thèid a chur a-steach le diofar shuidheachaidhean eadar-dhealaichte. Chan eilear an dùil gum tèid fianais a thoirt seachad airson gach taobh a tha air a liostadh ach tha sinn an dùil farsaingeachd de dh'fhianais fhaicinn airson gach eileamaid. Chan eil cleachdadh sàr-mhath ann an aon taobh a-mhàin a' nochdadh fianais gu leòr airson na h-eileamaid iomlan.

Gus ur cuideachadh le bhith a' dèanamh cho-dhùnidhean cothromach is cunbhalach airson a h-uile tagradh airson Duais Nàisean STEM, tha sinn air eisimpleirean a dhèanamh air cò ris a dh'fhaodadh seo a bhith coltach ann an diofar shuidheachaidhean.

Tha na h-eisimpleirean seo air an toirt seachad gus cuid de dhòighean-obrach sònraichte san roinn a shealltainn ach chan eil iad mar riatanas, agus chan eilear an dùil gun dèan a h-uile suidheachadh an aon rud gus an eileamaid a choileanadh.

Tha na taobhan airson gach eileamaid stèidhichte air na h-aithrisean adhartais ann am frèam fèin-mheasadh STEM. Bidh suidheachaidhean a tha



a' cur a-steach airson Duais Nàisean STEM air sùil a thoirt air an fhrèam-obrach agus air an sgrìobhainn stiùiridh mu thagraidhean airson Duais Nàisean STEM (a tha ri fhaighinn aig STEMnation.scot) mus cuir iad an tagradh aca a-steach.

An dèidh dhuibh sgrùdadh a dhèanamh air an fhianais, bu chòir dhuibh co-dhùnadh a bheil fianais làidir, riarachail no mì-riarachail ann airson gach eileamaid. Bu chòir dhuibh neartan an tagraidh a chlàradh, cho math ri molaidhean leasachaidh, air clàr na Duais Nàisean STEM. Faodaidh suidheachaidhean cur a-steach airson nan còig eileamaidean uile aig an aon àm, no faodaidh iad an fhianais aca a chur a-steach thairis air àm nas fhaide, suas ri trì bliadhna.

Às dèidh dhuibh gach fear de na nan còig eileamaidean fhaighinn, thèid iarraidh air suidheachaidhean plana gnìomh STEM a chur a-steach a dh'fhiosraicheas an ceum mu dheireadh den phròiseas dearbhaidh. Tha eisimpleir de phlana gnìomh mar phàirt den sgrìobhainn stiùiridh airson tagradh a dhèanamh airson Duais Nàisean STEM.

Na còig eileamaidean

Dèan fèin-mheasadh le frèam-obrach fèin-mheasadh STEM



Ceannardas ann an STEM

Tha an eileamaid seo a' comharrachadh ceannardas èifeachdach aig gach ìre, a' gabhail a-steach clann is òigridh a bhith a' stiùireadh ionnsachadh STEM.




Ionnsachadh STEM san teaghlach

Tha an eileamaid seo ag aithneachadh dealas a thaobh ionnsachadh agus cleachdadh teaghlach a tha a' cuideachadh gus an calpa STEM aig luchd-ionnsachaidh agus an cuid theaghlach a thogail.



So-fhastadh agus obair com-pàirteachais STEM

Tha an eileamaid seo a' comharrachadh co-obrachadh seasmhach eadar suidheachaidhean agus an com-pàirtichean STEM gus sgilean STEM agus sgilean so-fhastachd an luchd-ionnsachaidh a leasachadh.



Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh


Tha an eileamaid seo ag aithneachadh obair nan suidheachaidhean ann a bhith a' cruthachadh curraicealam STEM a tha brosnachail agus slighean luchd-ionnsachaidh co-cheangailte ris.



Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM

Tha an eileamaid seo a' comharrachadh na h-obrach a tha suidheachaidhean a' dèanamh gus aghaidh a chur air cothromas agus co-ionannachd ann an STEM.

Duais Nàisean STEM



Ceannardas ann an STEM

Tha an eileamaid seo a' comharrachadh ceannardas èifeachdach aig gach ìre, a' gabhail a-steach clann is òigridh a bhith a' stiùireadh ionnsachadh STEM.

Bu chòir dhan fhianais a thèid a chur a-steach dearbhadh gun robh gnìomhachd ann thairis air raon farsaing de na taobhan a leanas:

- Tha co-chomhairle le luchd-ùidh air cuideachadh le bhith a' togail tuigse cho-roinnte air carson a tha STEM cudromach do luchd-ionnsachaidh, an teaghlach agus a' choimhearsnachd ionadail. Tha an tuigse seo air cuideachadh gus lèirsinn, adhbhar agus plana a dhealbhadh airson STEM san t-suidheachadh.
- Tha sgioba luchd-obrach a' toirt seachad deagh chòrdanachadh agus ceannardas airson STEM. Chan eil an ceannardas ro fhada an eisimeil aon duine. Far nach eil ach aon neach-obrach aig suidheachaidhean, bidh an neach-cleachdaidh seo ag obair còmhla ri cleachdaichean eile sa choimhearsnachd ionnsachaidh aca.
- Thathar a' toirt seachad chothroman cunbhalach airson fèin-mheasadh, ionnsachadh proifeasanta agus co-obrachadh ann an STEM. Faodaidh iad seo a bhith ann an aontaidhean uairean-obrach no ann am mìosachain ionnsachadh proifeiseanta.
- Tha luchd-cleachdaidh ag obair còmhla gus an cuid eòlais a leudachadh air raointean curraicealaim STEM agus air mar a tha iad a' ceangal ri saoghal na h-obrach agus ri prìomhachasan eile ann am foghlam. Thathar a' leasachadh an oide-eòlais STEM agus tha seo a' cur ris an ionnsachadh do luchd-ionnsachaidh.
- Tha ceannardas airson STEM aig gach ìre a' tighinn am bàrr agus tha luchd-cleachdaidh a' gabhail barrachd uallaich airson atharrachadh a chur an gnìomh. Tha luchd-cleachdaidh, luchd-ionnsachaidh agus luchd-ùidh air dleastanasan ceannardas co-roinnte a ghabhail os làimh agus tha iad a' cuideachadh le bhith a' misneachadh, a' brosnachadh agus a' cumail taic ri càch.
- Bidh luchd-cleachdaidh a' cleachdadh dàta agus fianais air adhartas luchd-ionnsachaidh ann an STEM gus ar cuideachadh le bhith a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh againn agus a' brosnachadh cothromas. Dh'fhaodadh seo a bhith tro shiostaman tracaidh is sgrùdaidh, pròifilean luchd-ionnsachaidh, leabhraichean làir no a leithid.
- Tha luchd-ionnsachaidh an sàs barrachd ann an còmhraidhean agus ann an co-dhùnidhean mu na h-ath cheuman san ionnsachadh STEM aca fhèin. Tha cothroman aig luchd-ionnsachaidh an t-ionnsachadh aig daoine eile a stiùireadh ann an seòmar-sgoile no suidheachadh choimhearsnachd tro phrògraman leithid duais Ceannardan STEM Òga no sgeamaichean eile den aon seòrsa.

Tha na h-eisimpleirean gu h-ìosal a' sealltainn dhuinn an t-seòrsa fianais a dh'fhaodadh a bhith ann bho gach roinn.

Tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne


- Bidh luchd-cleachdaidh a' frithealadh nan coinneamhan aig Lìonra STEM nan Tràth-bhlaidhnaichean agus na Bun-sgoile gus deagh chleachdadh a cho-roinn.
- Tha aon neach-cleachdaidh na Stiùiriche Didseatach a bheir seachad ionnsachadh proifeiseanta air còdadh agus a bhios a' tadhal gu cunbhalach air dachaigh-cùraim ionadail far am bi clann a' cuideachadh luchd-còmhnaidh gus aplacaidean togail-dhealbhan didseatach a chleachdadh.
- Anns an t-suidheachadh cùraim-chloinne againn, bidh a' chlànn as sine a' planadh rannsachaidhean STEM stèidhichte air pròiseactan saidheans saoranach do chloinn nas òige.

Bun-sgoil

- Bidh an luchd-teagaisg anns a' Bhuidheann Sgoiltean STEM againn a' coinneachadh gach teirm gus planaichean a chruthachadh airson nan sgoiltean, gus eòlas a cho-roinn agus an uair sin gus an cuid ionnsachaidh a sgaoileadh do cho-obraichean.
- Tha an luchd-teagaisg air rannsachaidhean a dhèanamh air luchd-cleachdaidh, a' coimhead air cothromachadh gnè, calpa STEM agus foghlam dhreuchdan. Chaidh an rannsachadh aca a chleachdadh gus fiosrachadh a chumail ri eadar-theachdan agus planadh curraicealaim.
- Bidh Ceannardan Òga STEM a' dealbhadh is a' ruith dùbhlain STEM mìosail do chloinn san sgoil-àraich.


Àrd-sgoil


- Bidh a' Bhuidheann-obrach STEM againn a' coinneachadh gach mìos agus bho chionn ghoirid, libhrig iad seisean ionnsachadh proifeasanta mu chalpa STEM dhan luchd-obrach air latha in-sheirbheis.
- Tha trìur luchd-teagaisg air pàirt a ghabhail ann an greisean gnìomhachais goirid, air an cuid ionnsachaidh a sgaoileadh agus air an eòlas seo a chleachdadh mar phàirt den oide-eòlas STEM aca.
- Bidh Ceannardan Òga STEM a' cleachdadh an dà thràth ghèidhte aca gus seiseanan ionnsachadh teaghlach STEM a chur air dòigh às dèidh na sgoile do sgoilearan nas òige agus an teaghlachan.



Aithrisean measaidh (tagh aon)

- Tha planaichean STEM an t-suidheachaidh stèidhichte air dàta. Tha sgioba luchd-obrach a' toirt seachad deagh cho-òrdanachadh agus ceannardas airson STEM. Tha luchd-cleachdaidh a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh proifeiseanta STEM agus tha iad a' cleachdadh an cuid ionnsachaidh gus daoine eile a bhrosnachadh agus gus taic a chumail riutha. Tha raon farsaing de chothrom aig luchd-ionnsachaidh gus co-dhùnidhean a dhèanamh mu STEM agus gus ionnsachadh STEM a stiùireadh.
- Tha planaichean cunbhalach ann a thaobh STEM ach dh'fhaodte nach eil iad ann am plana leasachaidh an t-suidheachaidh. Tha ceannardas STEM air a thoirt seachad anns a' bhitheantas le aon no dithis den luchd-obrach. Tha luchd-cleachdaidh a' co-roinn soirbheas agus cleachdadh gus cur ri ionnsachadh is teagasg STEM. Tha beagan cothrom aig luchd-ionnsachaidh gus co-dhùnidhean a dhèanamh mu STEM agus gus ionnsachadh STEM a stiùireadh.
- Chan eil e soilleir cò tha an urra ri ceannardas STEM. Chan eil mòran cothrom aig luchd-cleachdaidh a bhith ag obair còmhla. Chan eil cothrom aig luchd-ionnsachaidh an t-ionnsachadh aig daoine eile a stiùireadh agus chan eil ach beagan roghainnean aca a thaobh STEM.





Ionnsachadh STEM san teaghlach

Tha an eileamaid seo ag aithneachadh dealas a thaobh ionnsachadh agus cleachdadh teaghlaich a tha a' cuideachadh gus an calpa STEM aig luchd-ionnsachaidh agus an cuid teaghlaichean a thogail.

Bu chòir dhan fhianais a thèid a chur a-steach dearbhadh gun robh gnìomhachd ann thairis air raon farsaing de na taobhan a leanas:

- Thathar a' cruthachadh prògram ionnsachadh teaghlaich spòrsail, buntainneach agus tarraingeach ann an com-pàirteachas le buidhnean com-pàirteachaidh is leasachadh coimhearsnachd, buidhnean san treas roinn agus/no com-pàirtichean ann am foghlam adhartach. Tha na prògraman seo a' cuideachadh gus calpa STEM a thogail do luchd-ionnsachaidh is do an teaghlaichean.
- Bithear a' brosnachadh chothroman gus pàirt a ghabhail ann an STEM sa choimhearsnachd leithid pròiseactan saidheans saoranach, tursan do ghnìomhachasan, tursan do dh'ionadan saidheans agus gnìomhan aig fèisean saidheans do luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean. Tha pàrantan is teaghlaichean an sàs gu gnìomhach agus gu brioghmhor ann am prògraman agus gnìomhan ionnsachadh teaghlaich STEM.
- Bidh luchd-cleachdaidh ag obair le pàrantan is teaghlaichean gus bacaidhean air com-pàirteachadh a lùghdachadh. Bithear a' conaltradh ri pàrantan gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cur luach anns na feumalachdan agus tursan ionnsachaidh aca agus gu bheil a' cumail taic riutha le seo. Tha barrachd phàrantan a' gabhail pàirt san ionnsachadh STEM aig an cuid chloinne cho math ri bhith a' togail sgilean dhaibh fhèin.
- Tha STEM gu tric na phàirt de thachartasan agus conaltradhean aig an sgoil do phàrantan is teaghlaichean. Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach cleachdadh nam meadhanan sòisealta agus teicneòlasan didseatach gus pàrantan agus teaghlaichean a thoirt a-steach do ghnìomhachdan ionnsachaidh STEM.
- Tha na pàrantan is luchd-cùraim a' faighinn tuigse air cho cudromach 's a tha sgilean, dreuchdan agus slighean STEM. Dh'fhaodar seo a dhearbhadh tro bheachdan air ais tro shuirbhidhean, tro dhàta mu àireamh nam pàrantan agus an luchd-cùraim a tha a' gabhail pàirt ann an gnìomhan STEM, no fianais eile den t-seòrsa seo. Far a bheil e iomchaidh, thathar a' brosnachadh raon farsaing de shlighean-ionnsachaidh STEM, a' gabhail a-steach Bun-phreantasachdan agus Nua-phreantasachdan, do luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean.

Tha na h-eisimpleirean gu h-ìosal a' sealltainn dhuinn an t-seòrsa fianais a dh'fhaodadh a bhith ann bho gach roinn.

Tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne


- Bidh sinn a' ruith sheiseanan 'Mini Investigators' gach seachdain. Bidh luchd-cleachdaidh a' teagas do phàrantan mar a nì iad deuchainnean sìmplidh còmhla ri cloinn san sgoil-àraich mus dèan iad a-rithist iad aig an taigh.
- Chruthaich sinn suirbhidhean eòin is meanbh-fhrìdean a dhèanadh na teaghlaichean againn aig deireadh na seachdain.
- Chruthaich sinn Bagaichean Matamataig as urrainn teaghlaichean a chleachdadh aig an taigh gus pàirt a ghabhail ann an gnòthaichean matamataig practaigeach, mar eisimpleir, a bhith a' tomhas thàthchuidean mar phàirt de bhèicearachd.

Bun-sgoil

- Bidh sinn ag obair le buidheann san treas roinn gus gnìomhan ionnsachaidh teaghlaich STEM a thabhann do theaghlaichean a tha ann an cunnart bho aonaranachd shòisealta tro na saor-làithean.
- Bidh a' Bhuidheann-obrach Pàrant is Luchd-cùraim airson STEM againn gar cuideachadh le bhith ag aithneachadh agus a' dèiligeadh ri cnapan-starra a thaobh com-pàirteachadh STEM agus conaltradh phàrantan.
- Bidh sinn a' cleachdadh cunntas meadhanan sòisealta gus an t-ionnsachadh STEM a tha a' dol air adhart san sgoil a cho-roinn agus iarraidh sinn air teaghlaichean dealbhan de dh'ionnsachadh a nithear aig an taigh a cho-roinn.

Àrd-sgoil


- Chùm an club STEM againn co-fharpais 'Cuir Stad air an Sgaoileadh' far an do dh'obraich clann le an teaghlach aig an taigh gus inneal nighe-làmhnan a dhèanamh mar phàirt den Duais CREST Discovery aca.
- Chaidh cuireadh a thoirt do phàrantan agus teaghlaichean nan sgoilearan ùra ann an ÀS1 a thighinn dhan sgoil againn ann an teirm an t-samhraidh gus pàirt a ghabhail ann an dùbhlann ionnsachadh teaghlaich STEM.
- Bidh an Comhairliche Dhreuchdan againn a' ruith sheiseanan fiosrachaidh do phàrantan gus slighean preantasachd a bhrosnachadh.



Aithrisean measaidh (tagh aon)

- Tha raon farsaing de phàrantan agus luchd-cùraim nan com-pàirtichean gnìomhach agus a' cur ri prògraman ionnsachadh teaghlaich a tha a' togail calpa STEM. Tha fios aig pàrantan is luchd-cùraim air cho cudromach 's a tha sgilean STEM agus tha deagh thuigse aca air adhartas agus coileanaidhean an luchd-ionnsachaidh ann an STEM.
- Tha luchd-cleachdaidh mothachail air a' choincheap calpa STEM agus tha iad a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean gu gnìomhach gus pàirt a ghabhail ann an tachartasan ionnsachadh teaghlaich san t-suidheachadh no sa choimhearsnachd ionadail. Bithear a' co-roinn fios mu choileanaidhean an luchd-ionnsachaidh le pàrantan is luchd-cùraim.
- Chan eil an suidheachadh a' stiùireadh, no a' cumail taic gu gnìomhach ri cothroman ionnsachaidh teaghlaich stèidhichte air STEM. Chan eil luchd-cleachdaidh a' sealltainn mòran tuigse den choincheap calpa STEM no de na cnapan-starra com-pàirteachaidh ro theaghlaichean. Chan eil fiosrachadh mu adhartas agus coileanadh an luchd-ionnsachaidh ann an STEM air a cho-roinn gu cunbhalach le pàrantan is luchd-cùraim.





So-fhastadh agus obair com-pàirteachais STEM

Tha an eileamaid seo a' comharrachadh co-obrachadh seasmhach eadar suidheachaidhean agus an com-pàirtichean STEM gus sgilean STEM agus sgilean so-fhastachd an luchd-ionnsachaidh a leasachadh.

Bu chòir dhan fhianais a thèid a chur a-steach dearbhadh gun robh gnìomhachd ann thairis air raon farsaing de na taobhan a leanas:

- Tha an suidheachadh air com-pàirteachas leantainneach a thogail le co-dhiù aon chom-pàirtiche STEM. Faodaidh com-pàirtichean gnìomhachais a bhith a' gabhail a-steach com-pàirtichean gnìomhachais agus luchd-fastaidh STEM, ionadan foghlaim adhartach agus àrd-ìre, buidhnean acadaimigeach no proifeasanta, buidhnean san treas roinn agus/no pàrantan no luchd-cùraim a tha nam pàirt den sgioba-obrach STEM. Tha an suidheachadh a' co-obrachadh leis a' chom-pàirtiche/leis na com-pàirtichean STEM aca gus co-ghnìomhan a phlanadh, a thoirt seachad, a chumail sùil air, agus a mheasadh a tha a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh.
- Tha obair com-pàirteachais STEM a' cumail taic ri ionnsachadh proifeasanta luchd-cleachdaidh agus tha i a' cuideachadh le bhith a' togail comas ceannardais an luchd-cleachdaidh. Tha taic bho chom-pàirtichean STEM air luchd-cleachdaidh a chuideachadh gus

ceangal a dhèanamh air leasachadh sgilean an luchd-ionnsachaidh agus dreuchdan STEM san àm ri teachd, agus gus farsaingeachd de shlighean-ionnsachaidh iomchaidh a chruthachadh.

- Tha obrachadh le com-pàirtichean STEM a' cur ri so-fhastachd agus sgilean stiùiridh dreuchd an luchd-ionnsachaidh a rèir na h-Ìre Foghlam Dreuchd (3 – 18). Far a bheil e iomchaidh, tha gnìomhan ann an co-rèir ris a' Bhun-tomhas airson Greisean-gnìomhachais agus an Stiùireadh air Com-pàirtichean Sgoile/Luchd-fastaidh.
- Tha obair le com-pàirtichean STEM a' cuideachadh gus deagh bheachdan de STEM a chruthachadh a tha a' cur an aghaidh gnàth-ìomhaighean agus ro-bheachdan. Faodaidh an obair seo a bhith a' gabhail a-steach tachartasan "girls into" ach bu chòir barrachd air seo a dhèanamh cuideachd. Tha eòlas aig luchd-cleachdaidh air prìomh ghnìomhachasan STEM san sgìre ionadail aca, agus far a bheil e iomchaidh, bheir iad fa-near do dh'fhiosrachadh mun mhargaidh obrach nuair a tha iad a' planadh thachartasan leithid fèilltean dhreuchdan agus òraidean STEM. Tha an suidheachadh air obrachadh leis na com-pàirtichean/leis a' chom-pàirtiche STEM aca gus raon farsaing de shlighean-ionnsachaidh STEM a phlanadh.

Tha na h-eisimpleirean gu h-ìosal a' sealltainn dhuinn an t-seòrsa fianais a dh'fhaodadh a bhith ann bho gach roinn.

Tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne


- Chuidich am maor-dùthcha ionadail againn luchd-ionnsachaidh gus fiadh-bheatha ionadail a thuigsinn agus a rannsachadh ann an gàrradh an ionad teaghlach.
- Chuidich Ceannardan Òga STEM bhon àrd-sgoil ionadail luchd-cleachdaidh gus deuchainn rocaid-uisge a phlanadh is a thoirt seachad san sgoil-àraich againn.
- Bidh companaidh saothrachaidh ionadail a' toirt seachad tabhartasan cunbhalach de stuthan nach fheum iad gus luchd-dreuchd a chuideachadh gus an àite-cluich pàirtean sgaoilte (*loose parts play*) a leasachadh.

Bun-sgoil

- Chùm tosgairean STEM taic ri latha 'Saoghal na h-obrach' le bhith a' toirt seachad taisbeanaidhean goirid do luchd-ionnsachaidh mu nàdar na h-obrach aca.
- Mar phàirt de phròiseact dealbhaidh, chuidich companaidh ailtireachd ionadail luchd-ionnsachaidh gus modalan sgèile a chruthachadh den t-seòrsa dachaigh a bu toil leotha a bhith aca.
- Dh'obraich luchd-obrach na colaiste còmhla ri tidsearan gus bogsaichean ghoireasan a chruthachadh air prìs ìseal a ghabhas cleachdadh sa chlas gus leasanan STEM prataigeach a libhrigeadh.


Àrd-sgoil

- Libhrig companaidh logastachd (*logistics*) seisean ionnsachaidh proifeasanta gus eòlas luchd-teagaisg a mheudachadh air mar a tha pacadh chontainearan air a chleachdadh ann an gnìomhachas.
- Chuidich aonta com-pàirteachais le companaidh togail ionadail le bhith a' toirt seachad greisean-gnìomhachais agus preantasachdan do luchd-ionnsachaidh.
- Dh'obraich luchd-obrach colaiste le tidsearan gus taic a thoirt do rannsachaidhean luchd-ionnsachaidh a dh'fheumadh uidheamachd sònraichte na colaiste a chleachdadh.



Aithrisean measaidh (tagh aon)

- Tha an suidheachadh air com-pàirteachas leantainneach a thogail le co-dhiù aon chom-pàirtiche STEM. Tha obair com-pàirteachais STEM a' toirt taic do dh'ionnsachadh proifeasanta an luchd-cleachdaidh agus a' cuideachadh le bhith a' fiosrachadh leasachadh curraicealaim agus leasachadh solar ionnsachaidh. Tha raon farsaing de luchd-ionnsachaidh air tuisge fhaighinn air sgilean, dreuchdan agus slighean-ionnsachaidh STEM.
- Tha an suidheachadh air com-pàirteachadh gu cunbhalach le com-pàirtichean STEM ach chan eil iad air com-pàirteachas leantainneach a thogail fhathast. Tha luchd-ionnsachaidh agus luchd-cleachdaidh a' fàs mothachail air gnìomhachasan agus cothroman-obrach STEM ionadail tro chom-pàirteachadh le com-pàirtichean STEM.
- Chan eil gnìomhachd com-pàirteachais STEM co-cheangailte ri cothroman ionnsachaidh planaichte agus chan eil mòran buaidh aig seo air beachdan agus adhartas an luchd-ionnsachaidh.




Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh

Tha an eileamaid seo ag aithneachadh obair nan suidheachaidhean ann a bhith a' cruthachadh curraicealaim STEM a tha brosnachail agus slighean luchd-ionnsachaidh co-cheangailte ris.

Bu chòir dhan fhianais a thèid a chur a-steach dearbhadh gun robh gnìomhachd ann thairis air raon farsaing de na taobhan a leanas:

- Tha luchd-cleachdaidh a' libhrigeadh STEM tro na ceithir co-theacsan ionnsachaidh: raointean curraicealaim, ionnsachadh eadar-chuspaireil, coileanadh pearsanta agus beatha nas fharsainge na sgoile/suidheachadh. Dh'fhaodte gum bi seo a' gabhail a-steach tachartasan ionnsachadh coimhearsnachd agus teaghlach agus/no luchd-ionnsachaidh a bhith a' gabhail pàirt ann am prògraman duaisean STEM. Thathar a' cleachdadh STEM mar cho-theacsa tarraingeach gus ceanglaichean a libhrigeadh agus a dhèanamh eadar na raointean curraicealaim STEM, litearrachd, àireamhachd, Ionnsachadh airson Seasmhachd agus litearrachd dhidseatach.

- Tro bhith a' dol an sàs ann an cothroman ionnsachaidh STEM a tha brosnachail is dùbhlach stèidhichte air rannsachadh, tha luchd-ionnsachaidh a' togail raon farsaing de sgilean STEM agus cruthachalachd, a' gabhail a-steach feòrachas, fosgailteachd-intinn, mac-meanmna agus fuasgladh cheistean. Far a bheil e iomchaidh, tha luchd-cleachdaidh a' cumail taic ri luchd-ionnsachaidh gus na sgilean seo a thogail tro chluich, ionnsachadh gnìomhach agus ionnsachadh a-muigh.
- Bidh luchd-cleachdaidh a' co-obrachadh le co-obraichean sa choimhearsnachd ionnsachaidh gus leantainneachd agus adhartas a phlanadh ann an ionnsachadh STEM. Tha ullachaidhean agus gnìomhan eadar-ghluasad a' cur ri misneachd agus seasmhachd an luchd-ionnsachaidh a thaobh STEM.
- Chaidh slighean-ionnsachaidh STEM a dhealbhadh airson a bhith a rèir feumalachdan an luchd-ionnsachaidh uile. Tha an suidheachadh a' gabhail cheuman gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus misneachd a bhith aca sna comasan aca agus gus cnapan-starra mu choinneamh com-pàirteachadh ann an STEM a lùghdachadh. Tha an taic a bheirear seachad do luchd-ionnsachaidh agus an teaghlach a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus roghainnean fiosraichte a dhèanamh mu shlighean luchd-ionnsachaidh STEM.
- Thug fios mun mhargadh obrach ionadail buaidh air a' churraicealaim agus tha e a' cuideachadh gus luchd-ionnsachaidh ullachadh airson farsaingeachd de dhreuchdan STEM. Brosnaichidh luchd-cleachdaidh an luchd-ionnsachaidh uile gus raon farsaing de sgilean a thogail. San àrd-sgoil, tha STEM na phàirt de dh'Fhoghlam Farsaing Coitcheann agus tha e fhathast a' cruthachadh cothroman ionnsachaidh taitneach airson luchd-ionnsachaidh san Ìre as Àirde.





Aithrisean measaidh (tagh aon)

- Tha raon farsaing de luchd-ionnsachaidh a' gabhail pàirt ann an STEM tro ionnsachadh eadar-chuspaireil agus tro ionnsachadh ann an raointean curraicealaim fa leth. Tha cothroman airson coileanadh pearsanta ann an STEM a' cur ri feallsanachd agus ri beatha na sgoile/ an t-suidheachaidh san fharsaingeachd. Cuidichidh co-obrachadh le co-obraichean coimhearsnachd le bhith a' daingneachadh adhartas luchd-ionnsachaidh agus a' dèanamh cinnteach gum bi leantainneachd ann an leasachadh sgilean STEM an neach-ionnsachaidh.
- Tha an suidheachadh a' toirt cothroman do luchd-ionnsachaidh ionnsachadh eadar-chuspaireil agus coileanadh pearsanta fhaighinn tro STEM. Tha beagan mothachaidh aig luchd-cleachdaidh air ionnsachadh STEM a rinn an luchd-ionnsachaidh roimhe agus tha iad ag obair gus piseach a thoirt air adhartas agus leantainneachd ann an eadar-ghluasadan.
- Tha ionnsachadh STEM air a thoirt seachad cha mhòr uile tro chlubaidhean is co-fharpaisean STEM. Chan eil cothrom aig a h-uile neach-ionnsachaidh an cuid sgilean STEM agus cruthachalachd a thoirt air adhart tro ionnsachadh stèidhichte air rannsachadh. Cha deach slighean-ionnsachaidh STEM a tha adhartach agus cunbhalach a thogail fhathast.

Tha na h-eisimpleirean gu h-ìosal a' sealltainn dhuinn an t-seòrsa fianais a dh'fhaodadh a bhith ann bho gach roinn.

Tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne



- Tha am bòrd fidridh (*tinker table*) anns an sgoil-àraich againn a' leigeil le clann na sgilean motair finealta aca a thoirt air adhart nuair a bhios iad a' cur ri chèile no a' briseadh an àird cruthachaidhean ùra no rudan a chaidh a thogail roimhe.
- Bidh sinn a' cleachdadh inneal pròifilidh air-loidhne gus dealbhan a ghlacadh is a cho-roinn de dh'ionnsachadh na cloinne againn. Tha an taga STEM againn gar cuideachadh gus ceanglaichean a chomharrachadh.
- Tha ionnsachadh air a stiùireadh leis a' chloinn ann an STEM gar cuideachadh gus togail air ùidhean na cloinne agus gus coincheapan ùra a thoirt a-steach. Bha ùidh mhòr aig a' chloinn ann an deigh a-muigh, is mar sin, rinn sinn rannsachadh air uisge agus air smùid anns a' chidsin againn.

Bun-sgoil

- Tha luchd-teagaisg tron chruinneachadh sgoiltean air co-obrachadh gus slighean-adhartais saidheans agus measaidhean co-cheangailte a chruthachadh.
- Tro na Masterclasses STEM againn, tha sgoilearan a' faighinn eòlas air grunn dhreuchdan STEM.
- Bidh sinn a' cleachdadh oide-eòlas a thaobh cluich anns a' phrògram 'Muddy Movers' againn gus sgilean STEM a thogail a-muigh.
- Tha Ionnsachadh airson Seasmhachd na phrìomh chuspair anns a' phrògram eadar-ghluasad BS7/ÀS1 aig a' chruinneachadh sgoiltean againn.

Àrd-sgoil

- Tha am prògram STEM eadar-chuspaireil againn a' toirt cothrom do na sgoilearan ÀS2 againn gus ionnsachadh mu trì dhiofar chuspairean innleadaireachd.
- Bho ÀS1-ÀS3, bidh na sgoilearan uile a' gabhail pàirt ann an aon leasan 'Àireamhachd STEM' gach seachdain. Tha fòcas a' chùrsa seo air sgilean àireamhachd a chleachdadh ann an co-theacsan ùra, agus tha e air a theagasg le daoine nach eil nan spèisealaichean matamataig.
- Gheibh na sgoilearan ÀS5/ÀS6 againn sgilean feumail agus eòlas air obair tro Bhun-phreantasachdan.




Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM


Tha an eileamaid seo a' comharrachadh na h-obrach a tha suidheachaidhean a' dèanamh gus aghaidh a chur air cothromas agus co-ionannachd ann an STEM.

Bu chòir dhan fhianais a thèid a chur a-steach dearbhadh gun robh gnìomhachd ann thairis air raon farsaing de na taobhan a leanas:

- Tha luchd-cleachdaidh mothachail air na phrìomh cheistean cothromais is co-ionannachd a tha mu choinneamh luchd-ionnsachaidh sa cho-theacs ionadail aca. Dh'fhaodte gum bi seo gu math eadar-dhealaichte eadar sgìrean bailteil, dùthchail agus iomallach. Còmhla, tha luchd-cleachdaidh tron t-suidheachadh air fad a' gabhail cheuman gus piseach a thoirt air cothromachadh gnè, co-ionannachd cothroman, cothromas, iomadachd agus in-ghabhaltas tro STEM.
- Tha luchd-cleachdaidh air coimhead air rannsachadh no air pàirt a ghabhail ann an ionnsachadh proifeiseanta mu ghnàth-iomhaighean gnè agus air claonadh gun fhiosa. Tha an suidheachadh a' gabhail cheuman gus cur an aghaidh nan gnàth-iomhaighean seo agus gus aghaidh a chur air claonadh gun fhiosa an luchd-cleachdaidh fhèin. Tha an gnìomh seo leantainneach agus a' gabhail a-steach luchd-obrach air feadh an t-suidheachaidh.

- Tha cothroman air an toirt do luchd-ionnsachaidh air feadh an t-suidheachaidh airson coileanadh pearsanta ann an STEM. Dh'fhaodte gum bi seo a' gabhail a-steach a bhith an sàs anns a' phrògram Ceannardan Òga STEM no sgeama duais STEM eile.
- Tha luchd-cleachdaidh ag obair le co-obraichean sa choimhearsnachd, le luchd-ionnsachaidh agus an teaghlachan gus cur an aghaidh ro-bheachdan mu STEM agus mu shlighean luchd-ionnsachaidh. Tha luchd-cleachdaidh a' sireadh cothroman gu gnìomhach gus iomadachd a chomharrachadh san fheachd-obrach STEM.
- Tha pròiseasan tracadh is sgrùdaidh an t-suidheachaidh a' cuideachadh luchd-cleachdaidh gus eadar-theachdan a phlanadh airson daoine fa leth no buidhnean gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman iomchaidh aig gach neach-ionnsachaidh na sgìlean STEM aca a thoirt air adhart, gu sònraichte do luchd-ionnsachaidh air a bheil cnapan-starra a bharrachd. Tha e coltach gum bi coltas eadar-dhealaichte air na pròiseasan seo ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean ach bu chòir dhaibh uile cuideachadh gus eòlas agus tuigse an luchd-cleachdaidh fhiosrachadh mu adhartas luchd-ionnsachaidh agus a' cuideachadh le bhith a' ruigsinn cothromas.
- Is urrainn do luchd-cleachdaidh no luchd-ionnsachaidh eisimpleirean a thoirt seachad den dheagh bhuaidh a bh' aig ionnsachadh STEM air buileachadh agus coileanadh ann an litearrachd, àireamhachd, slàinte agus sunnd, agus thar an raointean curraicealaim STEM air fad. Dh'fhaodte gum bi seo a' gabhail a-steach barrachd misneachd le bhith a' cleachdadh sgìlean àireamhachd ann an co-theacsaichean ùra no eisimpleirean far a bheil susbaint STEM inntinneach air cur ri ùidh is com-pàirteachadh.





Aithrisean measaidh (tagh aon)

- Tha luchd-obrach air feadh an t-suidheachaidh air a dhol an sàs ann an ionnsachadh proifeasanta agus tha iad misneachail a bhith a' cur an aghaidh ro-bheachdan mu shlighean dreuchd is sgilean luchd-ionnsachaidh. Tha an suidheachadh a' cleachdadh dàta agus no fianais bho na pròiseasan tracaidh is sgrùdaidh aca gus leasachaidhean leantainneach a dhèanamh air cothromas agus co-ionannachd STEM. Tha luchd-cleachdaidh agus/no luchd-ionnsachaidh air fianais a thoirt seachad mun bhuidh a bh' aig STEM air buileachadh agus coileanadh.
- Tha luchd-dreuchd le dleastanasan co-cheangailte ri STEM air tòiseachadh a dhol an sàs ann an rannsachadh agus ionnsachadh proifeasanta mu cho-ionannachd gnè agus gnàth-iomhaighean ann an STEM. Tha luchd-cleachdaidh a' trusadh agus/no ag ath-sgrùdadh dàta gus na h-ath cheuman fhiosrachadh. Tha cothroman airson coileanadh pearsanta ann an STEM air cur ri ùidh agus com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh.
- Chan eil luchd-cleachdaidh mothachail air na prìomh cheistean chothromais is co-ionannachd sa cho-theacs ionadail aca. Chan eil mòran fianais ann gus sealltainn gun tug ceuman a chaidh a ghabhail gu ruige seo buaidh air coileanadh is buileachadh.

Tha na h-eisimpleirean gu h-ìosal a' sealltainn dhuinn an t-seòrsa fianais a dh'fhaodadh a bhith ann bho gach roinn.

Tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne

- Tha Tosgairean STEM air bruidhinn ris a' chloinne againn mu na h-obraichean aca. Tha sinn air feuchainn ri tursan a chur air dòigh dhan sgoil-àraich le inbhich a tha ann an obair nach eil a rèir ghnàth-iomhaighean, a' gabhail a-steach fear a tha na nurs, agus boireannach a tha na meacanaig.
- Tha sinn air sgioba de 'Thosgairean Cothromais' a stèidheachadh a tha air a dhol an sàs ann an leughadh proifeasanta air raon de chùisean cothromais agus co-ionannachd agus bi iad a' sgoileadh an ionnsachaidh seo gu cunbhalach do choobraichean aig coinneamhan sgioba.

Bun-sgoil

- Nuair a bhathar ag obair air pròiseact innleadaireachd, chleachd am pròiseact BS5 gairm bhidio gus bruidhinn ri sgoil ann an meadhan baile mòr mu na h-eadar-dhealachaidhean ann an siostaman còmhdaidh san eilean againn agus sa bhaile mhòr.
- Obraichidh sinn le co-obraichean aig ìre na h-àrd-sgoile gus a' bhuidh aig a' churraicealaim STEM air roghainn cuspairean sgoile aig an ìre as Àirde a mheasadh tro bhith a' dèanamh shuirbhidhean de sgoilearan ann am BS5 agus a-rithist ann an ÀS3. Tha sinn a-nis a' faicinn barrachd iomadachd anns a' bhuidheann luchd-ionnsachaidh a tha air cur romhpa STEM a dhèanamh.

Àrd-sgoil

- Bidh sinn a' cleachdadh siostam tracaidh làn-sgoile gus sùil a chumail air com-pàirteachadh agus buileachadh STEM nan sgoilearan againn taobh a-staigh agus taobh a-muigh clas. Cleachdaidh sinn an dàta seo gus eadar-theachdan a phlanadh agus a mheasadh.
- Bidh an club STEM againn a' ruith seisean 'Thoir leat caraid' a tha air cuideachadh gus cur ri iomadachd nan sgoilearan a bhios a' frithealadh a' chlub.
- Ghabh an luchd-obrach uile san sgoil againn ann an trèanadh mu chlaonadh gun fhiosa aig latha in-sheirbheis bho chionn ghoirid.

Còmhradh dearbhaidh

Bidh pròiseas dearbhaidh Duais Nàisean STEM a' tighinn gu crìch le còmhradh eadar an tagraiche agus an sgioba dearbhaidh. Thèid dearbhadh a dhèanamh air stèidh roinneil is mar sin, dh'fhaodte gum bi uallachaidhean eadar-dhealaichte ann an àiteachan eadar-dhealaichte. Bidh am fiosrachadh às ùire mu dhearbhadh anns gach sgìre daonna ri fhaighinn aig STEMnation.scot.

Mus tèid an còmhradh dearbhaidh a chumail, thèid lethbhreac den chlàr Duais Nàisean STEM agus den phlana gnìomh STEM aig an t-suidheachadh a thoirt do gach bhall den sgioba dearbhaidh. Bu chòir dhuibh fàs eòlach air na sgrìobhainnean seo airson a' chòmhradh leis an tagraiche mu STEM san t-suidheachadh aca.

Prìomh phuingeann airson beachdachadh air fhad's a tha thu a' dèanamh sgrùdadh air a' phlana gnìomh STEM:

- Ciamar a tha planaichean an t-suidheachaidh airson an àm ri teachd a' cumail taic ri prìomh amasan na ro-innleachd STEM: sàr-mhatas, cothromas, brosnachadh agus ceanglaichean?
- Ciamar a tha an suidheachadh an dùil an cuid ionnsachadh agus soirbheis a cho-roinn le luchd-cleachdaidh ann an suidheachaidhean eile?
- Dè na cothroman a th' ann airson co-obrachadh thairis air coimhearsnachd ionnsachaidh, ùghdarras ionadail no roinn? Ciamar a b' urrainn do chom-pàirtichean coimhearsnachd no gnìomhachais ionadail taic a chumail ris an obair seo?

Bithear a' brosnachadh thagraichean gus cnuasachadh air slighe STEM an t-suidheachaidh aca ron ìre mu dheireadh de dhearbhadh. Bu chòir dhan chòmhradh dearbhaidh a bhith dòigheil, taiceil agus bu chòir dha cothrom a thoirt dhan tagraiche mìneachadh a dhèanamh air neartan agus soirbheachasan an t-suidheachaidh mar a tha iad air an chomharrachadh anns a' chlàr aca airson Duais Nàisean STEM.

Bidh an aon seòrsa cruth air comhraidhean dearbhaidh air feadh na dùthcha. Bidh gach còmhradh stèidhichte air trì prìomh cheistean agus mairidh e mu 30 mionaid. Bu chòir do dhòigh shocair, stèidhichte air còmhradh a bhith aig sgioba dearbhaidh agus bu chòir fòcas a bhith aca air eisimpleirean de chleachdadh inntinneach agus ùr-ghnàthach.

Prìomh cheistean airson a' chòmhradh dearbhaidh

Dè a' bhuaidh a th' aig STEM air an luchd-ionnsachaidh san t-suidheachadh agaibh?

- Ciamar a tha STEM air cuideachadh gus ùidh agus brosnachadh a thoirt do chloinn a thaobh an ionnsachaidh aca?
- Dè a' bhuaidh a th' air a bhith aig STEM san t-suidheachadh agaibh?
- Dè na dòighean-obrach a tha air cuideachadh gus piseach a thoirt air cothromas agus co-ionannachd ann an STEM?

Dè na dùbhlain a bha romhaibh agus ciamar a rinn sibh a' chùis orra?

- Dè na nithean taic a chaidh a chur an sàs gus oide-eòlas STEM agus misneachd luchd-cleachdaidh a leasachadh?
- Ciamar a tha thu air STEM a leabachadh anns a' chlàr-ama agus/no sa phlanadh agaibh?
- Dè a' chomhairle a bheireadh sibh do cho-obraichean ann an suidheachaidhean eile a tha dìreach a' tòiseachadh le STEM?

Dè as motha a tha gad bhrosnachadh mu na planaichean STEM aig an t-suidheachadh agaibh airson an àm ri teachd?

- Ciamar a dh'fhaodadh sibh na leasachaidhean seo a cho-roinn le suidheachaidhean eile?
- Ciamar a b' urrainn dhuibh co-obrachadh le suidheachaidhean no com-pàirtichean eile gus na h-amasan agaibh a choileanadh?

Ma tha feum air, is dòcha gum bi sibh airson na ceistean a bharrachd no molaidhean goirid bho chlàr Duais Nàisean STEM an t-suidheachaidh a chleachdadh gus an còmhradh a chumail a' dol.






Is e an còmhradh dearbhaidh an ceum mu dheireadh ann an dearbhadh càileachd mus tèid an Duais Nàisean STEM a thoirt do shuidheachadh. Bu chòir beachdan air ais bhon phlana gnìomh STEM agus bhon chòmhradh dearbhaidh a bhith air an clàradh air clàr Duais Nàisean STEM. Thèid seo a cho-roinn leis an t-suidheachadh nuair a thèid an duais a thoirt seachad.

Mairidh Duais Nàisean STEM fad trì bliadhna agus às dèidh sin, thèid iarraidh air suidheachaidhean fianais ùraichte a chur a-steach agus gus pàirt a ghabhail ann an còmhradh dearbhaidh eile. Leanaidh an còmhradh dearbhaidh airson a bhith ag ùrachadh Duais Nàisean STEM an aon chruth 's a tha air a mhìneachadh gu h-àrd.

Eàrr-ràdh: Clàr Duais Nàisean STEM


Àireamh SEED/CS	Ainm an t-suidheachaidh	Ùghdarras ionadail

Na còig eileamaidean

	Fianais	Nearthan	Raointean leasachaidh	Ceann-latha an sgrùdaidh
 Ceannardas ann an STEM	<input type="checkbox"/> Làidir <input type="checkbox"/> Riarachail <input type="checkbox"/> Mì-riarachail			
 Ionnsachadh STEM san teaghlach	<input type="checkbox"/> Làidir <input type="checkbox"/> Riarachail <input type="checkbox"/> Mì-riarachail			
 So-fhastadh agus obair com-pàirteachais STEM	<input type="checkbox"/> Làidir <input type="checkbox"/> Riarachail <input type="checkbox"/> Mì-riarachail			
 Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh	<input type="checkbox"/> Làidir <input type="checkbox"/> Riarachail <input type="checkbox"/> Mì-riarachail			
 Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM	<input type="checkbox"/> Làidir <input type="checkbox"/> Riarachail <input type="checkbox"/> Mì-riarachail			

Plana Gnìomh	
Ceann-latha an sgrùdaidh	Beachdan

Dearbhadh	
Ceann-latha an sgrùdaidh	Beachdan
Ceann-latha ath-nuadhachaidh na duais:	



Foghlam Alba

Taigh Denholm
Pàirce Gnìomhachais Almondvale
Slighe Almondvale
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

Fòn: +44 (0)131 244 4330

Post-d: [P-d enquiries@education.scotland.gsi.gov.uk](mailto:P-d_enquiries@education.scotland.gsi.gov.uk)

www.education.gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2020

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Rìghaltais cho fad 's a chaidh ath-riochdachadh gu ceart agus nach eil e ann an co-theacs meallta. Bu chòir comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig Foghlam Alba air an stuth seo agus feumar tiotal na sgrìobhainn a shònrachadh.

Gus an cead seo fhaicinn, faic <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Smachd air tionndaidhean

Tionndaidh na sgrìobhainn	Ceann-latha foillseachaidh	Tuairisgeul air na h-atharrachaidhean
1.0	An t-luchar 2020	An tionndadh tùsail